

TAIC LE PRÌSEAN

- Tha e uabhasach cudromach gun stèidhich sibh prìsean gu ceart. Stèidhichidh luchd-ceannaich am beachdan a rèir phrìsean.
- 'S e bathar math a bhios sibh a' reic a rèir an luchd-ceannaich ma bhios a' phrìs àrd (ma bhios am bathar math gu leòr) no ma bhios a' chosgais ìosal, nam beachd-san bidh am bathar saor ach gheibh iad luach an airgid (ma tha am bathar bunasach ach air a dhèanamh gu math).
- Bidh sibh daonnan airson 's gum bi an luchd-ceannaich a' faighinn luach an cuid airgid a dh'aindeoin na cosgais. Cha bhi gnìomhachas ann às an aonais mar sin feumar dèiligeadh leotha le urram is spèis.
- Tha sibh a' solar bathair/seirbheis, mar sin, tha sibh airidh air dìoladh. Tha sibh airson 's gum bi an luchd-ceannaich a' creidsinn gu bheil luach na prìs a chuir sibh air a' bhathair/seirbheis.
- Smaoinich air na buannachdan an lùib a' bhathair/seirbheis agaibh.
- Tha dà dhiofar seòrsa chosgaisean an lùib libhrigeadh a' bhathair/seirbheis agaibh. 'S e sin nithean a leithid àite-obrach, teas is solais a tha STÈIDHICHTE agus cosgaisean a leithid bun-stuth is tuarastalan a tha CAOCHLAIDEACH agus a bhios nas daoire a rèir an uireid de bhathar a nì sibh.
- Chan eil e coltach gum bi cosgaisean STÈIDHICHTE sam bith an lùib iomairt shòisealta sgoile.
- Airson bathar a dhèanamh feumar barrachd airgid a thoirt a-steach na chuirear a-mach airson am bathar no an t-seirbheis a libhrigeadh.
- Beachdaichibh air na co-fhairpisich agaibh – cha bu chòir gum biodh na prìsean agaibh mòran nas àirde no nas ìsle.
- Bidh prìsean diofraichte a' tarraing luchd-ceannaich agus feumaidh prothaid a bhith nan lùib.
- B' urrainn dhuibh bathan no amannan sònraichte a chur air dòigh; bathar a reic air £9.99 seach £10.00; bathar a reic fo ìre prothaid airson luchd-ceannaich ùr a thàladh; bathar no seirbheis àraid a reic air prìs àrd; bathar ùr a reic an toiseach air prìs nas ìsle, ach gu cur an àird fhad 's a chuireas barrachd dhaoine suim sa bhathar.

GU SGIOBALTA MA-THÀ:

- Obraichidh a-mach cosgais libhrigidh a' bhathair/seirbheis agaibh.
- Beachdaichibh air nan co-fhairpisich agaibh agus stèidhichibh prìsean beagan nas ìsle no nas àirde na iad (ach an-còmhnaidh os cionn nan cosgaisean libhrigidh agaibh).
- Cuiridh roghainn de dhòighean phrìsean an sàs.